

DEALBH-OBRACH & PACA-IARRTAIS-OBRACH



Dreuchd	Oifigear Dhàimhean Didseatach
Cunntachail gu	Manaidsear Conaltradh Bhranndaichean
Stèidhichte	Ag obair air astar + oifisean ann an Glaschu/Steòrnabhagh
Deit dùnaidh airson tagraidhean	8 Giblean 2022, 12f
Agallamhan	21 Giblean 2022 MS Teams

23 Màrt 2022

A thagraiche chòir

IARRTAS OBRACH – OIFIGEAR DHÀIMHEAN DIDSEATACH

Taig airson d' ùidh san dreuchd airson Oifigear Dhàimhean Didseatach.

Tapadh leibh airson d' ùidh ann a bhith a' cur a-steach airson na dreuchd dhidseatach seo ag obair taobh a-staigh ar sgioba. Tha an dreuchd seo a' toirt taic do ghrunna atharraichean a tha MG ALBA a' dèanamh gus brath a ghabhail air na cothroman a tha ag èirigh leis cho luath 's a tha atharrachadh ann an roinn nam meadhanan. Tha sinn a' sireadh neach a tha làn dhealasach a thaobh cleachdaidhean obrach co-obrachail, didseatach-an-toiseach agus a thaobh leasachadh proifeiseanta leantainneach.

Tha e a' toirt toileachas dhuinn am paca-iarrtais-obrach a chur an cois seo.

Gus tagradh a chur a-steach, cuir thugainn litir-chòmhdachaidh agus an CV agad le iomradh air do sgilean, eòlas agus comasan, a' cur aire shònraichte air an Sònrachas Obrach. Bu mhath leinn cluinntinn mu do chomasan agus eòlas bhon dà chuid obraichean pàighte agus saor-thoileach. Ma tha thu ag iarraidh còmhraidh neo-fhoirmeil mun obair agus mun chothrom, cuir fios gu Claire NicLeòid, Comhairliche HR, air hr@mgalba.com agus cuiridh sinn air dòigh àm freagarrach airson còmhraidh.

Bu chòir dhut do thagraidh a chur a-steach ro **12f Dihaoine 8 Giblean 2022** gu hr@mgalba.com. Cha tèid beachdachadh air tagraidhean a thèid an cur a-steach an dèidh seo.

Thèid agallamhan a chumail Diardaoin 21 Giblean 2022.

Le dùrachd



Dòmhnall Caimbeul
ÀRD-OIFIGEAR

MU AR DEIDHINN

Cò sinn?

Tha MG ALBA (Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) a' ruith na seanail Ghàidhlig **BBC ALBA** ann an com-pàirteachas leis a' BhBC. Tha uallach oirnn cuideachd airson [FilmG](#), [LearnGaelic](#) agus [SpeakGaelic](#) ann an co-bhanntachd le com-pàirtichean eile.



Tha fiosrachadh cudromach mu ar n-amasan agus ar toraidhean airson na bliadhna seo ri fhaighinn nar [Plana Obrachaidh 2021/22](#).

Càite bheil sinn?

Tha sinn stèidhichte ann an Steòrnabagh, le làthaireachd cuideachd ann an Glaschu agus Inbhir Nis

Ar Luchd-obrach & Am Bòrd

Tha 44 [neach-obrach](#) againn, le [Bòrd](#) de 9.

Ar n-Àrainneachd Obrach

Thathas ag obair le dòigh obrach firinneach, fosgailte agus eadar-obrachail. Tha guth gach neach nar sgioba a' cunntadh. Thathas a' co-roinn nas urrainn dhuinn de dh'fhiosrachadh gus am bi fios aig gach neach ciamar a tha am buidheann a' dèanamh, ciamar a tha sinn uile a' cur ri sin agus ciamar as urrainnear a bhith fiùs nas fheàrr nar n-obair.

Thathas pròiseil gun do choilean sinn barantachadh bhon taobh a-muigh bho *Broadcast Best Places to*



Work in TV airson sia bliadhna co-leantaileach, Inbhe Platinum bho *Creideas nar Cosnaichean* agus Inbhe Òir bho *Creideas nar Cosnaichean Òga*. Thathas dealasach ann a bhith a' dèanamh nas urrainn dhuinn gu bheil ar daoine fallain agus air an coimhead às an dèidh, ag obair le *Healthy Working Lives Awards agus We Invest in Wellbeing* bho Chreideas nar Cosnaichean gus seo a choileanadh.

Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta

Mar bhuidheann, thathas làn dhealasach mur Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta, a tha air an coileanadh ann an ioma dòigh, nam measg tro ar Poileasaidh Àrainneachd, ar Poileasaidh Fastaidh agus ann an tabhartasan seach airgead chun choimhearsnachd agus buidhnean carthannais. Thathas gu cunbhalach a' toirt seachad eòlas saor an-asgaidh agus uidheamachd gu tachartasan ionadail togail airgid, dannsan carthannais, farpaisean cheist, cuirmean dhuaisean agus bithear cuideachd a' toirt taic do riochdachadh bhidiothan foillseachadh carthannais, tachartasan spòrs, bùithtean-obrach cultarail agus foghlaim agus tachartasan film/Mòd.

DREUCHD OIFIGEAR CONALTRAIDH CORPORRA

Cùl-fhiosrachadh

Tha na meadhanan Gàidhlig, coltach ri gach meadhan eile, a' dol tro atharrachadh brìgheil. Tha seo an dà chuid dùbhlach agus brosnachail.

Tha an dreuchd seo ag obair gus faicsinneachd susbaint didseatach Gàidhlig a neartachadh, gu sònraichte luchd-cruthachaidh susbaint neo-eisimeileach ach cuideachd a' toirt a-steach susbaint co-cheangailte ri MG ALBA, na branndaichean co-cheangailte ris agus com-pàirtichean MG ALBA.

'S e prìomh amas na dreuchd cuideachadh le lìbhrigeadh agus co-òrdanachadh soirbheachail air iomairtean susbaint dhidseatach, a' gabhail a-steach Càrn, pròiseact mheadhanan sòisealta MG ALBA a tha ag amas air a' choimhearsnachd dhidseatach Ghàidhlig a neartachadh agus a leasachadh. Bidh an dreuchd cuideachd a' cur taic ri iomairtean susbaint dhidseatach eile, me, le com-pàirteachasan coimhearsnachd.

Daoine

Bidh na prìomh feartan a leanas aig an tagraiche freagarrach againn:

- Deònach a bhith mar phàirt de sgioba thrang agus làn spionnadh
- Sàr-sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh
- Ùidh sna meadhanan didseatach, gu h-àraidh na meadhanan sòisealta
- A bhith math ann an sgioba
- Deònach a bhith a' gealltainn ri ionnsachadh san obair, le taic bho leasachadh proifeasanta agus teisteanasan taobh a-muigh

An dreuchd

Bidh an t-Oifigear Dhàimhean Didseatach cunntachail don Mhanaidsear Conaltradh Bhranndaichean fhad 's a tha iad a' libhrigeadh a' phròiseict mheadhanan sòisealta Càrn agus iomairtean didseatach eile. Bidh an neach cuideachd a' toirt taic do dh'obair làitheil nam meadhanan sòisealta aig MG ALBA agus an sgioba conaltraidh nas fharsaing nuair a tha feum air.

Aig cridhe shoirbheachas na dreuchd seo, tha comas a thaobh nam meadhanan sòisealta, agus mothachadh air àrainneachd susbaint fèin chruthaichte na Gàidhlig a tha ann mar-tha.

Ar Luachan

'S iad na luachan againn na prìomh phrionnsabalan a bhios a' stiùireadh ar n-obrach. Tha iad a' sònrachadh nam prìomhachasan againn agus tha iad mar bhun-stèidh anns gach rud a nì sinn.

Cruthachalachd

- Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig

Luchd-amhairc

- Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

Àrd-amas

- Tha sinn ag amas air agus a' libhrigeadh sàr-mhathas

Co-bhanntachd

- Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

Spèis

- Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach

FIOSRACHADH TAGRAIDH

Prìomh Chinn-là

Tagraidhean fosgladh	23 Màrt 2022
Deit dùnaidh	8 Giblean 2022, 12f
Agallamhan	21 Giblean 2022

Pròiseas Taghaidh

Tha am pròiseas taghaidh air a chur a-mach ann am [Poileasaidh Fastaidh MG ALBA](#).

Pannal Taghaidh

Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair, Manaidsear Conaltradh Bhranndaichean le taic bhon Chomhairliche HR.

Sgrùdadh Co-ionannachd Chothroman

Tha sinn nar fastaichean co-ionannachd chothroman agus bithear a' cumail sgrùdadh air dàta fastaidh. Cuiribh crìoch air an fhoirm an cois seo, a tha a rèir reachdas GDPR.

Tagraichean Ciorramach

Cuirear fàilte air tagraidhean bho dhaoine ciorramach agus tha sinn a' gabhail pàirt san Sgeama Agallamh Barantas Obrach airson tagraichean a tha air iad fhèin a mheasadh mar chiorramach agus a tha a' coileanadh nan slatan-tomhais aig an ìre as ìsle airson dreuchd bhàn.

Rèitearan

Thèid fios a chur gu dà rèitire nuair a thèid gabhail ri tairgse obrach cumhach. Cha tèid fios a chur gu rèitire gun ur cead.

Dàimh le Ball Bùird / Oifigear / Strì eadar Chom-pàirtean

Bu chòir dàimhean le buill bùird no luchd-obrach, no strì chom-pàirtean ann an dà-rìribh na dh'fhaodadh a bhith air fhaicinn mar strì chom-pàirtean a chur am follais san tagradh.

GDPR

Thèid dàta pearsanta taobh a-staigh ur tagradh a phròiseasadh, a chumail agus a chur ann an tasglann/cur às dheth a rèir [Sanas Priobhaideachd MG ALBA](#).

GEÀRR-IOMRADH AIR TEIRMEAN IS CUMHAICHEAN NA H-OBACH

Ìre	B1
Tuarastal	£21,391-£25,444 gach bliadhna
Fòrladh bliadhnail	25 là + 12 saor-làithean poblach
Peinnsean	Sgeama Peinnsein Tabhartas Sònraichte, cuiridh MG ALBA 10% den tuarastal bliadhnail, a' dol suas gu 15% ma chuireas an neach-obrach tabhartas de 5% ris
Bàs ann an Seirbheis	4 x Tuarastal Bliadhnail
Sochairean Eile	Gus dòigh beatha fhallain a bhrosnachadh thathas a' tairgse ballrachd <i>gym</i> . Tha dòighean-obrach math teaghaich agus sùbailte againn agus thathas a' tairgse sgeama rothaireachd.

Sgeama Pàigheadh Tinneis

Seirbheis suas gu dà bhliadhna	Làn-pàigheadh 1-mhìos agus leth-pàigheadh 1 mhìos, ann an aon bhliadhna
An-dèidh seirbheis 2 bhliadhna	Làn-pàigheadh 2-mhìos/leth-pàigheadh 2 mhìos, ann an aon bhliadhna
An dèidh seirbheis 3 gu 4 bliadhna	Làn-pàigheadh 3-mìosan/leth-pàigheadh 3 mìosan, ann an aon bhliadhna
An-dèidh seirbheis 5 bliadhna	Làn-pàigheadh 4-mìosan/leth-pàigheadh 4 mìosan, ann an aon bhliadhna

Ionnsachadh & Leasachadh

Tha e riatanach gum bi plana Ionnsachaidh agus Leasachaidh aig gach neach-obrach a ni comasach dhaibh fàs nas èifeachdaich nan obair agus na h-amasan bliadhnail obrach aca a choileanadh. Thathas a' brosnachadh teisteanasan proifeasanta.

Gàidhlig

Is e a' Ghàidhlig cànan obrach MG ALBA. Feumaidh an dreuchd seo ìre làidir de chomas sa chànan. Thèid taic a thoirt do gach tagraiche a tha airson tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air a' cheangal aca ris a' Ghàidhlig.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Airson còmhradh neo-fhoirmeil mu pìos sam bith den obair, cuiribh fios gu hr@mgalba.com agus thèid àm freagarrach a chur air dòigh airson còmhradh.

DEALBH-OBACH

Tìotal-obrach	Oifigear Dhàimhean Didseatach	Ìre	B1	Uaireannan Seachdainneach	37
Amas	<p>A bhith a’ taiceachadh libhrigeadh agus co-òrdanachadh soirbheachail air iomairtean susbaint dhidseatach, a’ gabhail a-steach Càrn, pròiseact mheadhanan sòisealta MG ALBA a tha ag amas air a’ choimhearsnachd dhidseatach Ghàidhlig a neartachadh agus a leasachadh. Bidh an dreuchd cuideachd a’ cur taic ri iomairtean susbaint dhidseatach eile, me, le com-pàirteachasan coimhearsnachd.</p> <p>’S e amas Càrn a bhith a’ trusadh agus ath-thaisbeanadh susbaint didseatach Gàidhlig, le cead nan cruthaichean, air brannd aonaichte air na meadhanan sòisealta, a’ cruthachadh mothachas, dàimheachadh agus com-pàirticheadh nas àirde san fharsaingeachd.</p>				
Cunntachail do	Manaidsear Conaltradh Bhranndaichean				
Le uallach airson	<ol style="list-style-type: none"> 1. Cur an sàs, libhrigeadh agus co-òrdanachadh leantainneach air pròiseact ùr meadhanan sòisealta MG ALBA, Càrn. 2. A bhith a’ cur taic ri iomairtean susbaint dhidseatach eile, me, le com-pàirteachasan coimhearsnachd. 3. A’ taiceachadh fàs ann an àrainneachd nan cruthaichean susbaint didseatach Gàidhlig. 4. A’ measadh dhàimheachadh a’ phròiseict meadhanan sòisealta. 5. Co-òrdanachadh cruthachadh susbaint agus libhrigeadh airson sruthan meadhanan sòisealta MG ALBA. 6. A’ cur taic ris an Sgioba Chonaltraidh agus Sgioba Susbaint le obair làitheil far a bheil feum 				
Dàimhean obrach	<p>Bidh aig an neach a thèid fhadhadh dàimhean làidir le cruthaichean susbaint na Gàidhlig a chruthachadh agus a leasachadh, agus an dearbh rud le luchd-ùidh MG ALBA , buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig agus a’ choimhearsnachd Ghàidhlig nas fharsaing.</p> <p>Bidh an neach a thèid fhadhadh a’ cur ri obair a’ Mhanaidsear Conaltradh Bhranndaichean agus an Stiùiriche Ioma-Ùrlair.</p> <p>Bidh iad ag obair gu dlùth leis an Oifigear Conaltraidh Corporra, Aonad Didseatach MG ALBA, agus na co-òrdanaichean didseatach airson nam branndan eile taobh a-staigh saoghal MG ALBA.</p>				
Prìomh Thoraidhean	<p>Bidh e an urra ris an neach a thèid fhadhadh a bhith a’ cur ri pròiseact ur meadhanan sòisealta MG ALBA Càrn gus meadhanan sòisealta Gàidhlig a chruinneachadh agus a thaisbeanadh air brannd aonaichte meadhanan sòisealta a tha ag amas air beartas susbaint didseatach Gàidhlig a thaisbeanadh.</p> <p>Gheibh am brannd ùr fàs cunbhalach agus dàimheachadh math, is e cuideachd a’ cur ri dàimheachadh agus mothachadh air cruthaichean susbaint Gàidhlig a tha ann mar thà; agus cuideachd a’ brosnachadh agus a’ leasachadh cruthaichean susbaint ùra.</p> <p>Bidh e an urra ris an neach a thèid fhadhadh a bhith a’ cur taic ri iomairtean susbaint dhidseatach eile, me, le com-pàirteachasan coimhearsnachd, le slatan-tomhais a thèid a leasachadh ann an com-pàirt le buidhnean coimhearsnachd.</p>				
Prìomh gnìomhan	<ul style="list-style-type: none"> • Libhrigeadh agus co-òrdanachadh obrachadh làitheil a’ phròiseict Càrn • Co-òrdanachadh susbaint, libhrigeadh agus a bhith a’ cumail faire air sruthan a’ phròiseict meadhanan sòisealta aig MG ALBA, a’ gabhail a-steach Càrn agus iomairtean susbaint dhidseatach sam bith eile. • A’ trusadh fiosrachadh cleachdaidh agus a bhith a’ dreachadh aithisgean a thaobh dàimheachadh air na meadhanan sòisealta. 				
Riosg	<ul style="list-style-type: none"> • Fo Mhodail Riaghladh Cunnairt MG ALBA, thathas a’ faicinn cunnart mar rud a tha a’ buntainn ris a h-uile duine. 				

	<ul style="list-style-type: none"> • Mar sin, tha uallach air gach neach-dreuchd beachdachadh air cunnart an-còmhnaidh, a' toirt a-steach uallach a bhith ag aithris/a' beachdachadh air cunnartan, cunnartan a dh'fhaodadh nochdadh, maothachadh cunnairt agus/no cùisean don Mhanaidsear Loidhne aca no do bhuill Buidheann Riosg Corporra. • Bidh na Clàran Riosg mìosail as ùire rim faicinn air SharePoint agus thathas a' brosnachadh luchd-dreuchd iad sin a leughadh gu cunbhalach. • Bu chòir do gach neach-dreuchd a bhith deònach beachdachadh air cunnart aig measaidhean luchd-obrach agus/no amannan còmhraidh obrach
Fad na h-obrach	Teirm shuidhichte 12 mìosan le comas a leudachadh

SÒNRACHAS NEACH-TAGRAIDH

	Riatanach	Mionnaichte
Teisteanasan / Eòlas		Teisteanas iomchaidh agus / no eòlas sna meadhanan-sòisealta, conaltradh no margaidheachd.
Eòlas	Freumhan làidir le coimhearsnachdan Gàidhlig air-loidhne agus coimhearsnachdan Gàidhlig eile.	Eòlas dearbhte a bhith ag obair ann am margaidheachd agus PR Eòlas ann a bhith a’ cruthachadh susbaint son na meadhanan-sòisealta. Eòlas air mar a mar a nì thu aithisgean sgrùdaidh air na meadhanan sòisealta.
Sgilean	<p>Sgilean teicnigeach làidir a rèir susbaint co-cheangailte ri na meadhanan sòisealta agus a rèir planaichean, leasachadh, modhan, innealan agus apps air-loidhne.</p> <p>Conaltradh gu nàdarra eadar dhaoine agus air na meadhanan sòisealta.</p> <p>Comasach ann a bhith a’ manaidseadh an ùine fhèin agus a bhith ag obair aig astar.</p> <p>Sàr ìre de dhealas ann an leasachadh pearsanta agus proifeasanta</p> <p>Comas dàimhean obrach a thogail agus a chumail taobh a-staigh MG ALBA agus air an taobh a-muigh le luchd-dèiligidh, solaraidhean agus com-pàirtean</p> <p>Comasach a bhith ag obair air do cheann fhèin.</p>	<p>Ag obair gu làidir thar sgioba agus air pròiseactan còmhla.</p> <p>Comas stuthan tarraingeach a chruthachadh</p> <p>Sàr sgilean eadar-phearsanta (labhairteach agus sgrìobhte) ann an Gàidhlig agus Beurla.</p> <p>Comasach a bhith ag obair gu sùbailte.</p> <p>Sàr sgilean IT agus comasach ann a bhith a’ cleachdadh MS Office air fad.</p>
Riatanas cànan	Neach-labhairt fileanta sa Ghàidhlig	
Modh-giùlain	<p>Deagh chomas air breithneachadh agus air a bhith neo-eisimeileachd na do smuaintean.</p> <p>Fòcas air sgilean dhaonna agus obrachadh ann an sgioba</p> <p>Treibhdhireas</p> <p>Earbsachd</p> <p>Sgilean eadar-phearsanta agus dàimheil.</p>	Dòigh-obrach deimhinneach